

# Luath, an Cù Slànachaidh

*Sgeulaiche: Seòras Mac a' Phearsain*

*Tùs: Air a chlàradh (Beurla) ann an Gleann Dail air 15.07.19*

*Air a dheasachadh le Ruairidh MacIlleathain*

*Fad: 4.33*

Cha robh Cù Chulainn ach na ghille, agus bha e fhèin agus a chù Luath<sup>1</sup> a' siubhal mun chuairt. Thàinig iad gu baile agus fhuair iad a-mach gun robh uilebheist mara a' bagairt air muinntir an àite. Bhiodh an t-uilebheist a' tighinn gu tìr, thigeadh e suas chun a' bhaile, agus dh'iarradh e gach beathach mairt a bh' aig na daoine. Mura toireadh na daoine seachad an cuid sprèidh, agus gach rud eile a dh'iarr an t-uilebheist, bhiodh e a' bualadh an taighean gu làr. Bha eagal mòr air muinntir a' bhaile roimhe.

Bha iad an dòchas, latha brèagha air choreigin, gum marbhadh iad an t-uilebheist. Ach bha sin doirbh. Bha an t-uilebheist cho mòr is fiadhaich. Bha ceann air mar cheann iolaire, le gob mòr, agus casan mar a th' aig coileach, le spor geur air gach cois. Bha na sporan comasach air feòil duine a reubadh às a chèile.

Thuirt na daoine ri Cù Chulainn, 'Feumaidh sinn am baile a thrèigsinn a dh'aithghearr, oir cha bhi càil air fhàgail againn, agus thig an t-uilebheist às ar dèidh.'

Agus thuirt Cù Chulainn riutha, 'Seallaibh dhomh far am bi an t-uilebheist seo a' tighinn gu tìr.'

Thug iad sùil air Cù Chulainn. 'Chan eil annad ach gille,' thuirt iad ris. 'Dè dhèanadh tusa dhan uilebheist?'

'Uill,' arsa Cù Chulainn, 'ma sheallas sibh dhomh càit am bi e a' tighinn gu tìr, seallaidh mise dhuibh dè nì mi leis.'

Thug iad Cù Chulainn sìos don chladach agus sheall iad dha an tràigh far am biodh an t-uilebheist a' tighinn gu tìr. Dh'fhuirich Cù Chulainn agus Luath an sin airson dà latha agus, air an dàrna latha, nochd an t-uilebheist. Sheas e air an tràigh. Bha e fada na bu mhotha na Cù Chulainn, bha toit a' tighinn às a chuinneanan agus bha a shùilean dearg. Thug Cù Chulainn sùil air, agus thuirt e ris, 'Bheir mi cothrom dhut an-dràsta. Faodaidh tu tilleadh dhan mhuir agus gealladh a thoirt dhomh nach till thu tuilleadh, air neo marbhaidh mi thu.'

Rinn an t-uilebheist gàire. 'Thusa?!' thuirt e. 'Chan eil annad ach giullan gun fheusag ... bidh thusa gam mharbhadh?!'

Thug e ionnsaigh air Cù Chulainn ach leum Cù Chulainn don taobh. Thug Cù Chulainn beum air le a chladheamh ach cha do rinn e mòran croin air an uilebheist. Agus lean a' chòmhrag. Chaidh iad am bad a chèile agus roilig iad còmhla air a' ghainmhich. Bha Cù Chulainn a' sàthadh an uilebheist le a

chladheamh ach bha spuircan an uilebheist a' reubadh feòil às a' ghaisgeach. Mu dheireadh thall, chaidh aig Cù Chulainn air a chladheamh a shàthadh a-steach gu àite lag ann am bodhaig a' chreutair, agus thuit an t-uilebheist marbh air an tràigh.

Shnàig Cù Chulainn air falbh a dh'ionnsaigh allt a bha faisg air làimh. Cha b' urrainn dha coiseachd leis cho dona 's a bha e air a leòn. Cha do ràinig e an t-allt oir thàinig an cadal air. Ach, fhad 's a bha e na laighe an sin, thàinig an cù aige, Luath. Bha esan air a bhith a' sabaid cuideachd, agus chaidh a ghoirteachadh leis an uilebheist, ach cha robh e mar a bha Cù Chulainn. Bha e fhathast a' coiseachd, agus chaidh e a-null a Chù Chulainn. Thòisich e air na lotan air bodhaig a' ghaisgich imleach. Agus gach lot, nuair a dh'imlich Luath e, dhùin e.

Anns an dòigh sin, shlànaich an cù gach lot air bodhaig Chù Chulainn. 'S ann na chadal fad beagan uairean a thìde a bha Cù Chulainn an uair sin. Nuair a dhùisg e, thug e sùil air fhèin. Bha e air a shlànachadh gu lèir, agus an cù aige, Luath, na laighe ri a thaobh.

Thug Cù Chulainn sùil air Luath agus thuirt e ris, 'Ahà, tha fios agam a-nise. Chan e a-mhàin gur tusa an cù-seilg as luaithe a th' ann, 's e cù-slànachaidh a th' annad cuideachd agus bidh thu nad chompanach dhomh gu bràth.'<sup>2</sup>

### Ainm na sgeulachd ann am Beurla: **Luath, Dog of Healing**

#### Notaichean:

Fhuair Seòras an sgeulachd seo ann an Àird nam Murchan bho sheann-uncail dha.

1. Bidh Seòras a' fuaimneachadh an 'th' ann an 'Luath' oir chuala e an t-ainm mar sin – a' riochdachadh fuaimneachadh na seann Ghàidhlig o shean.
2. Tha an aon sgeul air aithris mu Fhionn agus Bran.